

# Cha deach a' Ghàidhlig a thrèigsinn leis a h-uile rìgh a thàinig an dèidh Chaluim a' Chinn Mhòir

## Raibeart Brus

Thug an t-arm aig Raibeart Brus (Rìgh na h-Alba eadar 1306-1329) buaidh air arm Eideird II, Rìgh Shasainn aig **Blàr Allt a' Bhonnaich** ann an 1314.

B' e an **suaicheantas** a ghiùlain Raibeart Brus dhan bhlàr, Breac Bannoch Chaluim Cille – 's e seo am fuigheall as naoimhe aig Alba na Gàidhlig, agus thathar den bheachd gu bheil **dust** Cholm Cille na bhroinn.

## Seumas IV

Dh'ionnsaich Seumas IV cànan nan **iochdaran** Gàidhealach aige agus b' e an rìgh mu dheireadh air Alba aig an robh Gàidhlig. Bha ùidh mhòr aige cuideachd ann an ceòl Gàidhealach, agus bha mòran **sheirbheisich** agus **chlàrsairean** Gàidhealach air am **fastadh** aige.

